

Iar-Leabharlannaiche

Pasgan Fiosrachaidh
Sabhal Mòr Ostaig



A charaid/A bhanacharaid

Tha sinn fìor thoilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh anns an dreuchd Iar-leabharlannaiche aig Sabhal Mòr Ostaig.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus air an t-seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn.

Tha mi an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtas a thoirt air adhart chun na h-ath ìre. Ma tha ceist sam bith agaibh no ma tha am barrachd fiosrachaidh a dhith oirbh faodar bruidhinn rium aig àm sam bith.

Le deagh dùrachdan



Stiùiriche an Fhoghlaim

01471 888 302

mnl1.smo@uhi.ac.uk

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba agus san t-saoghal. Tha a' Cholaiste stèidhichte ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar Ionad airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus chothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chàinain, a' chultair agus nan ealan agus tha i an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

“Far am faigh a h-uile neach cothrom pàirt a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig”

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad acadaimigeach aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanadh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart. Tha a' Cholaiste na h-àite foghlaim làn-Ghàidhlig agus na h-àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, le sàbhaladh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig mar phrìomh adhbhar na Colaiste.

Ar Sealladh

Bidh Sabhal Mòr Ostaig mar:

Shàr ionad nàiseanta is eadar-nàiseanta airson na Gàidhlig
Shàr ionad foghlaim is rannsachaidh
Shàr ionad dha na Meadhanan is na h-Ealain Ghàidhlig
Phrìomh ionad ionnsachaidh na Gàidhlig
Shàr ionad cleachdaidh na Gàidhlig
Phrìomh àite-obrach na Gàidhlig
Làn chom-pàirtiche ann an lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Luachan agus Dòighean-obrach an t-Sabhail

A' brosnachadh co-ionannachd

Tha co-ionannachd aig cridhe obair na Colaiste anns a h-uile dòigh.

Miann

A' togail air soirbheachas mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig gus coimhearsnachd na Gàidhlig a mhisneachadh agus a neartachadh.

A' Ghàidhlig

Tha an cànan aig cridhe obair na Colaiste agus tha sinn a' dèanamh a h-uile oidhirp airson a neartachadh agus a leasachadh anns gach raon de ar n-obair.

Sàr-ionad

Tha a' Cholaiste stèidhichte airson a bhith na shàr-ionad foghlaim, rannsachaidh agus leasachaidh, ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is com-pàirtichean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e mar amas dhuinn taic a chur ri ar n-oileanaich agus ri ar luchd-obrach a chum maith am beatha.

Aig cridhe na coimhearsnachd

Tha Sabhal Mòr Ostaig aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig, aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Daoine

'S iad ar daoine - luchd-obrach, oileanaich, buill ar coimhearsnachd agus ar luchd-ceuma a tha sgapte air feadh an t-saoghail, an neart as motha a th' againn. Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth còmhla riutha gu an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil.

Fosgailte agus onarach

Tha soirbheachas na Colaiste an crochadh gu mòr air a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu h-onarach agus gu fosgailte agus a bhith dìreach nar cuid conaltraidh ris gach neach leis a bheil sinn ag obrachadh.

Ùr-ghnàthach

Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh dhi fhèin mar shàr-ionad ùr-ghnàthach aig cridhe leasachadh na Gàidhlig

A' Cur ri luach eaconamach agus sòisealta

Tha buaidh mhòr aig obair an t-Sabhail Mhòir air eaconamaidh agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha a' Cholaiste a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' sgaoileadh nam buannachdan sin a tha i a' cruthachadh gu maith ar coimhearsnachdan air fad.

Àrainneachd Bheothail

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn misneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal), agus iomadh tachartas ionadail air an cumail ann cuideachd (ach tro Chovid).

Tha iomadh togalach againn air an làraich agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)

SOILLSE

Faclair na Gàidhlig

Ainmean-Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

Companaidhean agus Buidhnean leis a' Cholaiste

Fàs Mòr - ionad cùraim chloinne

Cànan (CGS) - Companaidh ioma-mheadhan na Colaiste

SkyeSpace - stiùidio agus goireasan clàraidh

Luchd-màil nan Oifisean

Dualchas - ailtirean

Seumas Ó Baoighille Ltd - gnìomhachas ionadail

DEARG - Bùth ghibhtean

Sealladh - companaidh riochdachaidh telebhisein

Young Films – companaidh film

Iar-leabharlannaiche – Fios mun dreuchd

An Leabharlann

Tha Leabharlann an t-Sabhail Mhòir a' cumail taic ri feallsanachd agus obair na Colaiste a thaobh foghlaim, rannsachaidh, gnìomhachais agus innleachdais tro a chuid chruinneachaidhean, sheirbheisean is eòlais. 'S e leabharlann spèisealta a th' ann agus tha e mar phrìomh amas gum bithear a' tasgadh agus a' glèidheadh chruinneachaidhean a tha stèidhichte air cànan, eachdraidh agus cultar na Gàidhlig agus tha e fa-near gum bithear a' cur gu mòr ri dualchas na h-Alba. Tha sàr chruinneachadh de ghoireasan air a thasgadh anns an Leabharlann, eadar leabhraichean a chuireadh an clò anns na linntean as tràithe de dh'fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus gu ruige na goireasan didseatach as ùire. Tha an cruinneachadh iasaid a' cumail taic ri clàr-oide na Colaiste agus tha na Cruinneachaidhean Sònraichte aithnichte aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta. A thuilleadh air a bhith ag obrachadh mar leabharlann foghlaim, tha Leabharlann an t-Sabhail Mhòir a' tabhann seirbheis nàiseanta don Ghàidhlig agus sinn a' freagairt cheistean on mhòr-shluagh a thaobh cànan, litreachas agus dualchas nan Gàidheal. Tha an Leabharlann na aonar am measg leabharlannan eile is e a' stiùireadh agus a' libhrigeadh sheirbheisean gu lèir tro mheadhan na Ghàidhlig.

Tha cruinneachaidhean is seirbheisean an Leabharlainn a' sìor-fhàs is a' dol am meud mar thoradh air leasachadh sgoilearachd is eòlas cultarail na Gàidhlig anns an linn ùr dhidseatach. Tha lèirsinn fìor inntinneach is dhùbhlanaich airson leasachadh Leabharlann an t-Sabhail Mhòir aig Sabhal Mòr Ostaig agus Comataidh Chomhairle an Leabharlainn, anns a bheil eòlaichean aig na h-ìrean proifeiseanta as àirde, agus iad airson dòighean ionnsachaidh ùra a neartachadh cho math ri lèirsinneachd is sgaoileadh na Gàidhlig is a cultair aig ìrean ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

TIOTAL-OBACH	Iar-leabharlannaiche
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Ceannard an Leabharlainn
UALLACH AIRSON	Luchd-cuideachaidh an Leabharlainn
SGÈILE TUARASTAIL	£27,255-£33,403 (a rèir theisteanasan is eòlais)
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ
CÙMHNANT	Làn-ùine (35 uairean/seachdain)

PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

Bidh an t-Iar-leabharlannaiche ag adhartachadh an Leabharlainn mar chridhe beatha na Colaiste. Bidh iad a' toirt taic phroifeiseanta do Cheannard an Leabharlainn airson cruinneachaidhean is seirbheisean a leasachadh is a libhrigeadh airson taic a chumail ri teagasg, ionnsachadh is rannsachadh aig a' Cholaiste agus airson taic a chumail ri Sabhal Mòr Ostaig agus a chuid dhleasan mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a thoirt gu buil. Feumaidh an t-Iar-leabharlannaiche obair Ceannard an Leabharlainn a ghabhail os làimh nuair nach bi iad an làthair.

PRÌOMH UALLACHEAN

1. Stiùireadh

- A' stiùireadh agus a' coileanadh amasan mar a tha iad sgrìobhte ann an Ro-innleachd is Plana-Gnìomh an Leabharlainn
- A' cumail smachd air cruinneachaidhean, siostaman agus seirbheisean an Leabharlainn
- A' toirt stiùireadh do Neach-cuideachaidh an Leabharlainn agus do dh'oileanaich a tha ag obair mar phàirt de sgioba an Leabharlainn
- A' frithealadh choinneamhan mar a bhios iomchaidh
- A' cur ris an lèirsinn agus planaichean airson an Leabharlann a leasachadh mar Leabharlann Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

2. Cruinneachaidhean

- A' taghadh, a' ceannach is a' mìneachadh ghoireasan ann an iomadh riochd, airson taic a chumail ri ionnsachadh, teagasg agus rannsachadh aig a' Cholaiste
- A' co-obrachadh le òraidichean air liostaichean leughaidh nan cùrsaichean agus a' cleachdadh nan cruinneachaidhean ann an teagasg is ionnsachadh
- A' clàradh agus a' sònrachadh chruinneachaidhean airson clàr chruinneachaidhean a thoirt gu buil agus goireasan a lorg anns a' chruinneachadh
- A' stiùireadh cuairteachadh nan goireasan tron t-Siostam Stiùiridh Leabharlainn, mar eisimpleir airson deagh rian a chumail air iasadan, nithean fadalach agus nithean caillte
- A' stiùireadh glèidheadh is cleachdadh chruinneachaidhean sònraichte a tha cudromach gu h-eachdraidheil agus gu nàiseanta
- A' leasachadh nan cruinneachaidhean mar ghoireas nàiseanta na Gàidhlig

3. Seirbheisean

- A' stiùireadh agus a' leasachadh seirbheisean leabharlainn a bhios a' freagairt do choimhearsnachd na Colaiste (air an làraich agus air astar) agus do choimhearsnachd na Gàidhlig
- A' meas seirbheisean an Leabharlainn agus a' leasachadh dhòighean airson moladh is beachdan a chur thugainn
- A' lorg fiosrachaidh agus a' freagairt nan ceistean aig luchd-cleachdaidh an Leabharlainn
- A' libhrigeadh trèanadh ann an sgilean fiosrachaidh air cleachdadh nan cruinneachaidhean is nan seirbheisean
- Ag ullachadh prògram thachartasan san Leabharlann no air-loidhne, a leithid thaisbeanaidhean, sheiseanan ghoireasan agus sheiseanan còmhraidh le ùghdaran is eòlaichean

4. Conaltradh

- A' neartachadh sanasachd an Leabharlainn tro dhòighean conaltraidh, margaideachd is meadhanan-sòisealta na Colaiste
- A' leasachadh clàr-ama conaltraidh le builean, dleastanasan is cinn-latha a ghabhas coileanadh
- Ag ùrachadh susbaint nan duilleagan-lìn agus a' leasachadh dhòighean ùrachaidh
- A' neartachadh cheanglaichean le luchd-tabhartais tron làraich-lìn, tro thaisbeanaidhean is tro thachartasan

5. A' Ghàidhlig

- A' cleachdadh na Gàidhlig mar phrìomh chànan an Leabharlainn airson an àrainneachd Ghàidhlig a ghleidheadh airson an luchd-cleachdaidh, an luchd-obrach agus coimhearsnachd na Colaiste
- A' gabhail a h-uile ceum airson Gàidhlig a bhrosnachadh ann an seirbheis an Leabharlainn

6. Eile

- A' cumail ri poileasaidhean an Leabharlainn
- A' cumail ri ìrean-obrach proifeiseanta an Leabharlainn agus deagh-ghnè na Colaiste
- A' frithealadh seiseanan trèanaidh mar a bhios iomchaidh
- A' leantainn riaghailtean Slàinte is Sàbhailteachd
- A' coileanadh dhleastanasan eile co-cheangailte ris an dreuchd mar a thèid iarraidh le Ceannard an Leabharlainn no Stiùiriche an Fhoghlaim.

'S e seo an tuairisgeul air an dreuchd. Thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm airson dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus airson atharrachaidhean sam bith a dhèanamh.

An Dàmhair 2021

Sònrachadh Pearsa

	Riathanach	Buannachdail
	Teisteanasan	
	Ceum ann an cuspair iomchaidh	Ceum ann an Leabharlannachd
	Deòin gun dèanar for-cheum ann an Leabharlannachd an lùib leasachadh proifeiseanta*	
	Eòlas ann a bhith a' lorg ghoireasan fiosrachaidh agus ghoireasan rannsachaidh	Eòlas obrach ann an leabharlannan
	Eòlas air cleachdadh ghoireasan didseatach	Eòlas air Siostaman Stiùiridh Leabharlainn
	Eòlas obrach air riaghladh agus eagrachadh ghoireasan	Eòlas air clàradh is sònrachadh ghoireasan air chatalog cruinneachaidh
Eòlas	Eòlas obrach ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean don mhòr-shluagh	Eòlas air làimhseachadh is gleidheadh sheann leabhraichean
		Eòlas air litreachas is cultar na Gàidhlig
	Fileanta sa Ghàidhlig gach cuid labhairt, leughadh is sgrìobhadh	
	Deagh sgilean eagrachaidh	
	Deagh sgilean teicneòlas fiosrachaidh (m.e. MS Office, MS Teams, stòran-dàta)	
	Dealas a thaobh leasachadh do chuid sgilean proifeiseanta leabharlannachd	
	Deagh sgilean conaltraidh agus eadar-phearsanta	
	Comas air grunn dhleastanasan a ghabhail os làimh aig aon àm	
	Comas air cumail ri cinn-là	
	Comas air obrachadh leat fhèin agus ann an sgioba	
Eile	Deòin agus comas do sgilean a leasachadh aig ìre phroifeiseanta mar a chithear iomchaidh	

*Thoir sùil air Fiosrachadh Eile gu h-ìosal airson tuilleadh fiosrachaidh

Bithear a' sùileachadh gun:

- Cuir thu gu for-ghnìomhach ris an leasachadh phearsanta agad fhèin
- Dèan thu cinnteach gu bheil cunbhalachd is co-ionannachd anns an dòigh-obrach agad an-còmhnaidh, is tu a' nochdadh giùlan a tha a rèir feallsanachd na Colaiste
- Dèan thu cinnteach gun cùm thu ri reachdas is riatanasan GDPR an-còmhnaidh agus

poileasaidhean na Colaiste mar a dh'fheumar, a' toirt a-steach uallach iomchaidh airson dèanamh cinnteach às do shlàinte is sàbhailteachd fèin agus dhaoine eile

- Gabh thu os làimh gun dèan thu obair sam bith ann an deagh àm agus a rèir clàr-ama na roinne/a' mhanaidseir
- Coilean agus gun leasaich thu deagh-ghnè na Colaiste
- Gabh thu os làimh gun dèan thu obair iomchaidh sam bith eile mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm

Fiosrachadh Eile

- 'S e Sabhal Mòr Ostaig am fastaiche
- Thathar a' sùileachadh gun gabh luchd-obrach pàirt anns na cùrsaichean trèanaidh riatanach agus gum bi iad deònach an cuid leasachadh proifeiseanta a leasachadh
- Airson na dreuchd seo, thathar a' sireadh leabharlannaiche aig a bheil teisteanas ann an leabharlannachd ach cuirear fàilte air tagraichean le deòin a bhith clàraichte airson teisteanas proifeiseanta ann an leabharlannachd cho fad 's a tha iad a' coileanadh riatanasan eile na dreuchd. Tha sinn den bheachd gur e teisteanas for-cheum ann an [Eòlas Leabharlannachd is Fiosrachaidh aig RGU](#) an cùrsa as fhreagarraiche, a chosgais £9,620 thar trì bliadhna. Tha Sabhal Mòr Ostaig deònach 50% de chìsean cùrsa pàirt-ùine a phàigheadh. Gheibhear taic le roghainnean maoinachaidh. Gheibhar taic le ùine a' chùrsa cuideachd taobh a-staigh nan uairean obrach agad.
- Bidh thu ag obair 35 uairean san t-seachdain (cuirear fàilte air iarrtasan airson uairean sùbailte cuideachd ge-tà)
- Gheibhear 35 saor-làithean sa bhliadhna (làithean poblach nam measg) *pro rata*. Cha tèid na làithean a chuingealachadh san fharsaingeachd ach cumar 10 làithean ag àm na Nollaige leis gum bi a' Cholaiste fhèin dùinte. Bidh bliadhna nan saor-làithean a' ruith eadar 1 Am Faoilleach – 31 An Dùbhlachd agus cha ghabh an cumail chun na h-ath bhliadhna.
- Tha siostam luachaidh bhliadhnail stèidhichte aig a' Cholaiste
- Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur taic ri leasachadh sgilean Gàidhlig
- Tha sgeama peinnsein aig an t-Sabhal Mhòr le Scottish Widows (suas ri 8% bhon Cholaiste) agus bidh cothrom agad clàradh san sgeama àrachais-beatha cuideachd
- Feumar a dhol tro sgrùdadh PVG, seach gur e colaiste a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus feumaidh an neach soirbheachail pàigheadh airson seo iad fhèin.
- 'S e Sabhal Mòr Ostaig prìomh àite na h-obrach ged a bhios agad ri siubhal bho àm gu àm gu coinneamhan is tachartasan.

11/10/21

Fios mu larrtasan

Co-ionannachd Chothroman

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig.

larrtasan

Gheibhear foirmichean-iarrtais air làrach-lìn na Colaiste an [seo](#).

Tillibh litir agus foirm-iarrtais air post-d gu: obair@smo.uhi.ac.uk

Ceann-là: 5f Dihaoine 05/11/21

An dùil gun tèid agallamhan a chumail air: 25/11/21

Thèid agallamhan a chumail air Zoom.

Faodar còmhraidh neo-fhoirmeil a chumail le Dr. Marsaili NicLeòid, Stiùiriche an Fhoghlaim air 01471 888 302 no air post-d: mn1.smo@uhi.ac.uk.